



H.M. 287.


6.a.

See Newell 250 note

Not in Egyp. Sca. Ged. 197




















LEABHAR AITHGHEARR

NAN

# CEIST

A CHUIREADH A MACH LE COMHCHRUINNEACHADH NAN

DIADHAIR 'S AN IAR-MHINSTEIR

LEIS AN D'AONTAICH

ARD-CHLEIR EAGLAIS NA H-ALBA;

AGUS A SHONRUCHEADH LEO CHUM

A BHI 'NA SHEOLADH CEASNACHAIDH.

AIR A CIUR A MACH LEIS A CHOMUNN A THA 'CUMAIL SUAS  
SGOILEAN GAELIG AIR FEADH GAIDHEALTACHD  
AGUS EILEANAN NA H-ALBA.



AIR A GHILANADH O MHEARACHDAIDH SGRIOBHAIDH, AGUS  
CLOBHUALAIDH,

LE TOMAS M'LACHLAINN, LL.D.,

*Ministeir ann an Dunéidinn.*

DUNEIDIN:

CLOBHUAILTE LE EOIN M'LAURAINN.



LAURISTON CASTLE  
LIBRARY ACCESSION

# LEABHAR AITHGHEARR

NAN

## C E I S T.

---

1 CEIST. *Ciod e is crìoch àraidh do'n duine?*

*Freagradh.* 'S e is crìoch àraidh do'n duine, Dia a ghlòrachadh, agus a mhealtuinn gu sìorruidh.

2 C. *Ciod e an riaghailt a thug Dia dhuinn gu ar seòladh chum esan a ghlòrachadh agus a mhealtuinn?*

*F.* 'S e focal Dhé, a tha air a chur sìos ann an sgriobtuiribh an t-seann Tiomnaidh agus an Tiomnaidh Nuaidh, an aon riaghailt gu ar seòladh chum esan a ghlòrachadh agus a mhealtuinn.

3 C. *Ciod 'a tha na sgriobtuirean gu h-àraidh a' teagasg?*

*F.* Tha na sgriobtuirean gu h-àraidh a' teagasg gach ni is còir do'n duine chreidsinn mu thimchioll Dhé, agus an dleasdan a tha Dia ag iarruidh air an duine.

4 C. *Ciod e Dia?*

*F.* Tha Dia 'n a Spiorad, neo-chrìoch-

nach, bitbhuan, agus neo-chaochluidh-each 'n a bhith, 'n a ghliocas, 'n a chumhachd, 'n a naomhachd, 'n a cheartas, 'n a mhaitheas, agus 'n a fhìriinn.

5 C. *Am bheil tuilleadh Dée ann ach aon?*

*F.* Cha-n'eil ann ach aon a mhàin, an Dia-beò agus fior.

6 C. *Cia lion pearsa a tha 's an Diadhachd?*

*F.* Tha tri pearsa 's an Diadhachd, an t-Athair, am Mac, agus an Spiorad Naomh; agus an triùir so is aon Dia iad, ionann ann an nàdur, coimeas ann an cumhachd agus ann an glòir.

7 C. *Ciod iad orduighean Dhé?*

*F.* 'S iad orduighean Dhé, a rùn siorruidh a réir comhairle a thoile, leis an d'òrduich e roimh làimh, chum a ghlòire féin, gach ni a thig gu crìch.

8 C. *Cia mar a tha Dia a' cur 'òrduighean 'an gnìomh?*

*F.* Tha Dia a' cur 'òrduighean 'an gnìomh ann an oibribh a chruthachaidh agus an fhreasdail.

9 C. *Ciod 'e obair a chruthachaidh?*

*F.* 'S e obair a chruthachaidh, gun

d'rinn Dia na h-uile ni do neo-ni, le focal a chumhachd, ann an sè làithibh, agus iad uile ro-mhaith.

10 C. *Cia mar a chruthaich Dia an duine?*

*F.* Chruthaich Dia an duine, fear agus bean, a réir 'iomhaigh féin, ann an eòlas, fireantachd, agus naomhachd, le uachdararanachd os ceann nan creatairean.

11 C. *Ciod iad oibre freasdail Dhé?*

*F.* 'S iad oibre freasdail Dhé, e 'bhi coimhead agus a' riaghlaigh nan uile chreatairean, le'n uile ghniomharaibh, gu ro-naomh, gu ro-ghlic, agus gu ro-chumhachdach.

12 C. *Ciod e an gnìomh àraidh freasdail a rinn Dia a thaobh an duine, 's an staid anns an do chruthaicheadh e?*

*F.* 'N uair a chruthaich Dia an duine, rinn e coimhcheangal beatha ris, ag iarruidh ùmhlaichd iomlan air mar chumha ; agus a' toirmearasg dha itheadh do chraoibh eòlais a mhaith agus an uile fuidh phéin a bhàis.

13 C. *An d'fhan ar ceud sinnsearan 's an staid anns an do chruthaicheadh iad?*

*F.* Air d'ar ceud sinnsearaibh bhi air

am fàgail gu saorsa an toil féin, thuit iad o'n staid anns an do chruthaicheadh iad, le peacachadh an aghaidh Dhe.

14 C. *Ciod 'e peacadh?*

*F.* 'S e peacadh easbhuidh cumaidh ris an lagh, no briseadh air lagh Dhé.

15 C. *Ciod 'e am peacadh leis an do thuit ar ceud sinnsearan o'n staid anns an do chruthaicheadh iad?*

*F.* B'e am peacadh leis an do thuit ar ceud sinnsearan o'n staid anns an do chruthaicheadh iad, gu'n d'ith iad am meas toirmisgte.

16 C. *An do thuit an cinne-daoine uile ann an ceud pheacadh Adhaimh?*

*F.* Air do'n choimhcheangal bhi air a dheanamh ri Adhamh, cha b'ann a mhàin air a shon féin, ach air son a shliochd ; uime sin, an cinne-daoine uile, a thàinig uaith, tre ghinealachair gnàthaichite, pheacaich iad ann, agus thuit iad maille ris, 'n a cheud chionta.

17 C. *Ciod 'e an staid gus an d'thug an leagadh an cinne-daoine?*

*F.* Thug an leagadh an cinne-daoine gu staid peacaidh agus truaighe.

18 C. *Ciod 'e peacadh na staid sin gus an do thuit an duine?*

F. 'S e peacadh na staid sin gus an do thuit an duine, e bhi fuidh chionta ceud pheacaidh Adhaimh ; fuidh easbhuidh na ceud fhìreantachd, agus fuidh thruail-lidheachd a nàduir gu h-iomlan, d'an goirear gu coitchionn am peacadh gin, maille ris gach peacadh gnìomh a ta sruthadh uaithe sin.

19 C. *Ciod 'e truaigh na staid sin gus an do thuit an duine?*

F. Tre an leagadh chaill an cinne-daoine gu léir an co-chomunn ri Dia ; tha iad fuidh fheirg agus mhallachd Dhé ; agus mar sin air an deanamh buailteach do uile thruaighibh na beatha so, do'n bhàs féin, agus do phiantaibh ifrinn gu sìorruidh.

20 C. *An d'fhàg Dia an cinne-daoine uile gu bhì caillte ann an staid peacaidh agus truaighe?*

F. Air taghadh do Dhia d'a ghean maith féin, roimh thoiseach an t-saoghal, cuid do'n chinne-dhaoine chum na beatha maireannaich, rinn e coimhcheangal gràis, chum an saoradh o staid peacaidh agus

truaighe, agus an toirt gu staid slàinte, tre Fhear-saoraidh.

21 C. *Co e is Fear-saoraidh do phobull taghta Dhé?*

F. 'S e 's aon Fhear-saoraidh do phobull taghta Dhé, an Tighearn Iosa Criod, neach air dha bhi 'n a Mhac siorruidh do Dhia, a rinneadh 'n a dhuine, agus mar sin 'bha agus a mhaireas 'n a Dhia agus 'n a dhuine, ann an dà nàdur eadardheal-ichte, ach 'n a aon phearsa gu siorruidh.

22 C. *Air do Chriosd bhi 'n a Mhac do Dhia, cia mar a rinneadh e 'n a dhuine?*

F. Rinneadh Criod, Mac Dhé, 'n a dhuine, le corp fior agus anam reusanta a ghabhail da féin, air dha bhi, le cumhachd an Spioraid Naoimh, air a ghineadh 'am broinn na h-Oighe Muire, agus air a bhreith leatha, gidheadh as eugmhais peacaidh.

23 C. *Ciod iad na h-oifigean a tha Criod a' cur 'an gniomh mar ar Fear-saoraidh?*

F. Tha Criod mar ar Fear-saoraidh a' cur an gniomh oifigean Fàidh, Sagairt, agus Righ, araon ann an staid 'irioslachaidh agus 'àrdachaidh.

24 C. *Cia mar a tha Criosd a' cur oifig Fàidh 'an gnìomh?*

*F.* Tha Criosd a' cur oifig Fàidh 'an gnìomh, ann a bhi foillseachadh dhuinne, le 'fhocal agus le a spiorad, toil Dhé chum ar slàinte.

25 C. *Cia mar a tha Criosd a' cur oifig Sagairt 'an gnìomh?*

*F.* Tha Criosd a' cur oifig Sagairt 'an gnìomh le e féin a thoirt suas aon uair 'n a ìobairt, a dhìoladh ceartais Dhé, agus gu ar deanamh-ne réidh ri Dia, agus le gnàth-eadarghuidhe 'dheanamh air ar son.

26 C. *Cia mar a tha Criosd a' cur oifig Righ 'an gnìomh?*

*F.* Tha Criosd a' cur oifig Righ 'an gnìomh le sinne a cheannsachadh dha féin, le ar riaghladh agus ar dònadh, agus le cosgadh a chur, agus buaidh a thoirt, air na h-uile is naimhdean dhasan agus dhuinne.

27 C. *Cia mar a bha Criosd air 'irioslachadh?*

*F.* Bha Criosd air 'irioslachadh, le bhi air a bhreith, agus sin ann an staid ìosal ; air a dheanamh fo'n lagh ; dol fo

thruaighibh na beatha so, fo fheirg Dhé, agus fo bhàs malluichte a chroinn-cheusaidh ; le bhi air 'adhlacadh, agus fantuinn fo chumhaichd a bhàis rè seal.

28 C. *Cia mar a tha Criod air 'àrdachadh ?*

F. Tha Criod air 'àrdachadh, 'n a aiseirigh o na marbhaibh air an treas là ; 'n a dhol suas gu nèamh, 'n a shuidhe air deas-làimh Dhé an Athar ; agus 'n a theachd a thoirt breith air an t-saoghal air an là dheireannach.

29 C. *Cia mar a sinn air ar deanamh 'n ar luchd-compairt do'n t-saorsa a choisinn Criod ?*

F. Tha sinn air ar deanamh 'n ar luchd-compairt do'n t-saorsa a choisinn Criod, le i bhi air a cur ruinne gu h-èifeachdach le a Spiorad Naomh-san.

30 C. *Cia mar a tha'n Spiorad a' cur ruinne na saorsa a choisinn Criod ?*

F. Tha 'n Spiorad a' cur ruinne na saorsa a choisinn Criod, le creidimh oibreachadh annainn, agus le sin ar dlùthcheangal ri Criod ann ar gairm èifeachdach.

31 C. *Ciod 'e a' ghairm èifeachdach ?*

F. 'S e a ghairm èifeachdach, obair

Spioraid Dhé, leis am bheil e dearbhadh oirnne ar peacaidhean agus ar truaighe ; a' soillseachadh ar n-inntinnean an le còlas air Criod ; ag ath-nuadhachadh ar toile ; agus an lorg sin 'g ar deanamh deònach agus comasach air Iosa Criod a dhlùth-ghabhail thugainn, mar a tha e air a thairgseadh dhuinn gu saor anns an t-soisgeul.

32 C. *Ciod iad na sochairean a tha an dream a tha air an gairm gu h-èifeachdach a' faghail anns a bheatha so ?*

F. Tha an dream a tha air an gairm gu h-èifeachdach a' faghail anns a bheatha so, fireanachadh, uchd-mhacachadh, agus naomhachadh ; maille ris gach sochair eile, a tha anns a bheatha so 'n an cuid-eachdsan, no' sruthadh uatha.

33 C. *Ciod 'e fireanachadh ?*

F. Is e fireanachadh gniomh saor ghràis Dhé, anns am bheil e 'maitheadh dhuinn ar n-uile pheacaidhean, agus a' gabhail ruinn mar fhìreanaibh 'n a fhiannuis ; agus sin a mhàin air sgàth fireantachd Chriod air a meas d'huinn agus air a gabhail thugainn le creid mh a mhàin.

34 C. *Ciod 'e uchd-mhacachd?*

*F.* Is e uchd-mhacachd, gnìomh saor ghràis Dhé, leis am bheil sinn air ar gabhail a steach 'an àireamh cloinne Dhé; agus 'faghail còir air gach sochair a bhuineas doibh.

35 C. *Ciod 'e naomhachadh?*

*F.* Is e naomhachadh, obair saor ghràis Dhé, leis am bheil sinn air ar n-athnuadhachadh 's an duine gu h-iomlan, a rèir iomhaigh Dhé, agus air ar deanamh comasach ni's mò agus ni's mò a bhi bàsachadh do'n pheacadh, agus 'teachd beò do fhìreantachd.

36 C. *Ciod iad na sochairean a tha 's a bheatha so 'an cuideachd no 'sruthadh o fhìreanachadh, uchdmhacachadh, agus naomhachadh?*

*F.* 'S iad no sochairean a tha 's a bheatha so 'an cuideachd no 'sruthadh o fhìreanachadh, uchdmhacachadh, agus naomhachadh, dearbh-bheachd air gràdh Dhé, sìth coguis, aoibhneas anns an Spiorad Naomh, fàs ann an gràs, agus buanachadh ann gus a chrìch.

37 C. *Ciod iad na sochairean a tha creidmhich a' faghail o Criod aig a bhàs?*

*F.* Aig a bhàs tha anaman nan creidmheach air an deanamh fairfe ann an naomhachd, agus air ball a' dol chum glòire; agus a tha 'n cuirp, air dhoibh bhi sìor-cheangailte ri Criod, a' gabhail fois 'n an uaimhibh gus an aiseirigh.

38 C. *Ciod iad na sochairean a tha creidmhich a' faghail a Chriosd aig an aiseirigh?*

*F.* Aig an aiseirigh, air bhi do na creidmhich air an togail suas ann an glòir, bithidh iad air an aideachadh gu follaiseach, agus air an lànshaoradh aig la a bhreitheanais, agus air an deanamh uile-bheannaichte ann an Dia a làn-inhealtuinn gu sìorruidh.

39 C. *Ciod 'e an dleasdanas a tha Dia ag iarruidh air an duine?*

*F.* 'S e 'n dleasdanas a tha Dia ag iarruidh air an duine, umhlachd d'a thoil a tha air a foillseachadh.

40 C. *Ciod e an riaghaitt umhlachd a thug Dia do'n duine air tùs?*

*F.* 'S e 'n riaghaitt umhlachd a thug Dia do'n duine air tùs, lagh nam modhannan.

41 C. *C'ait am bheil lagh nam modhannan gu h-aithghearr air a chur sìos?*

*F.* Tha lagh nam modhannan gu h-aithghearr air a chur sìos, anns na deich àitheantaibh.

42 C. *Ciod e is suim do na deich àitheantaibh ?*

*F.* 'S e is suim do na deich àithcant-aibh, "An Tighearn ar Dia a ghràdh-achadh le'r n-uile chridhe, le'r n-uile anam, le'r n-uile neart, le'r n-uile inn-tinn ; agus ar coimhearsnach a ghràdh-achadh mar sinn féin."

43 C. *Ciod 'e roimh-ràdh nan deich àitheantan ?*

*F.* Tha roimh-ràdh nan deich àith-eantan air a chur sìos anns na briath-raibh so, "Is mise an Tighearn do Dhia, a thug a mach thu a tìr na h-Eiphit a tigh na daorsa."

44 C. *Ciod e' tha roimh-ràdh nan deich àitheantan a' teagasg dhuinn ?*

*F.* Tha roimh-ràdh nan deich àith-eantan a' teagasg dhuinn, a chionn gur e Dia is Tighearn ann, agus gur e ar Dia-ne agus ar Fearsaoruidh e, uime sin gu bheil e mar fhiachaibh oirnne, uile 'aitheantan a choimhead.

45 C. *Ciod 'e a cheud àithne ?*

*F.* 'S e a cheud àithne, "Na biodh Dée sam bith eile agad a'm' fhianuis-se."

46 C. *Ciod e' tha a cheud àithne ag iarruidh?*

*F.* Tha a cheud àithne ag iarruidh oirnne, Dia 'aithneachadh agus 'aideachadh mar an t-aon Dia fior, agus ar Dia-ne; agus aoradh is glòir a thoir da a réir sin.

47 C. *Ciod 'a tha a cheud àithne a' toirmeasg?*

*F.* Tha a' cheud àithne a' toirmeasg an Dia fior àicheadh, no an t-aoradh agus a ghlòir a bhuineas a mhàin dhàsan mar Dhia agus mar ar Dia-ne, a chumail uaithe, no a thoirt do neach air bith eile.

48 C. *Ciod e' tha na briathran so 's a cheud àithne "a'm' fhianuis," gu h-àraidh a' teagasg dhuinn?*

*F.* Tha na briathran so 's a cheud àithne ["a'm' fhianuis,"] a' teagasg dhuinn, gu bheil Dia d'an léir na h-uile nithe, a' toirt aire do'n pheacadh so, eadh-on dia sam bith eile bhi againn, agus gu bheil e rodhiombach air a shon.

49 C. *Ciod 'e an dara àithne?*

*F.* 'S e an dara àithne, "Na dean dhuit féin dealbh snaidhte, no coslas sam bith a dh'aon ni a ta 's na nèamhaibh shuas,

no air an talamh shios, no 's na h-uisgeachain a ta fo 'n talamh. Na crom thu féin sìos doibh, agus na dean seirbhis doibh; oir mise an Tighearn do Dhia, is Dia eudmhòr mi, a' leantuinn aingidheachd nan aithrichean air a chloinn, air an treas, agus a cheathramh ginealach dhiubhsan a dh' fhuathaicheas mi, agus a' nochdadadh tròcair do mhìltibh dhiubhsan a ghràdhaicheas mi, agus a choimhideas m' àitheantan."

50 C. *Ciod e' tha 'n dara àithne ag iarruidh?*

F. Tha'n dara àithne ag iarruidh oirnne, gach uile ghné aoraidh agus orduigh dhiadhaidh, a dh' òrduich Dia 'n a fhocal, a ghabhail thugainn, a choimhead, agus a ghleidheadh gu glan ionlan.

51 C. *Ciod e' tha 'n dara àithne a' toirmeasg?*

F. Tha'n dara àithne a' toirmeasg aoradh a thoirt do Dhia tre ìomhaighibh, no air mhodh sam bith eile nach 'eil òrduichte 'n a fhocal.

52 C. *Ciod iad na reusanan a tha ceangailte ris an dara àithne?*

F. 'S iad na reusanan a tha ceangailte

ris an dara àithne, àrd-uachdar anachd Dhé os ar ceann, a sheilbh-chòir annainn, agus 'eud air son aoraidh féin.

53 C. *Ciod 'e an treas àithne?*

F. 'S e an treas àithne, "Na tabhair ainm an Tighearna do Dhé an diomhanas; oir cha mheas an Tighearn neo-chiontach esan a bheir 'ainm an diomhanas."

54 C. *Ciod e' tha 'n treas àithne ag iarruidh?*

F. Tha'n treas àithne ag iarruidh, gnàthachadh naomh agus urramach a dheanamh air ainmibh, buaidhibh, òrd-uighibh, briathraibh agus oibribh Dhé.

55 C. *Ciod e' tha 'n treas àithne a' toirmeasg?*

F. Tha'n treas àithne a' toirmeasg mi-naomhachadh no mi-ghnàthachadh a dheanamh do ni sam bith leis am bheil Dia 'g a fhoillseachadh féin.

56 C. *Ciod e an reusan a tha ceangailte ris an treas àithne?*

F. 'S e 'n reusan a tha ceangailte ris an treas àithne, ged dh-fheudas luchd-brisidh na h-àithne so dol as gun dioghaltais o dhaoinibh, gidheadh nach fuiling an Tighearn ar Dia dhoibh dol as o' cheart bhreitheanas féin.

57 C. *Ciod 'e an ceathramh àithne?*

F. 'S e an ceathramh àithne, "Cuimhnich là na Sàbaid a choimhead naomh. Sè làithean saothraichidh tu agus ni thu d'obair uile; ach air an t-seachdamh là tha Sàbaid an Tighearna do Dhé; air an la sin na dean obair sam bith; thu féin, no do mhac, no do nighean, d'òglach, no do bhanòglach, no d' ainmhidh, no do choigreach a tha 'n taobh a stigh do d' gheataibh; oir ann an sé laithibh rinn an Tighearn na nèamhan agus an talamh, an fhairge agus gach ni a tha annta; agus ghabh e fois air an t-seachdamh la: air an aobhar sin bheannaich an Tighearn la na Sàbaid agus naomhaich se e."

58 C. *Ciod 'a tha'n ceathramh àithne ag iarruidh?*

F. Tha'n ceathramh àithne ag iarruidh coimhead naomh a dheanamh do Dhia air na h-ainmannaibh suidhichte a dh'òrd-uich e 'na fhocal, gu h-àraigdh aon là ionlan anns na seachd làithibh, gu bhì 'n a Shàbaid naomh dha féin.

59 C. *Cia'an la do na seachd làithibh a dh' ord-uich Dia gu bhi 'n a Shàbaid anns gach seachduin?*

F. O thoiseach an t-saoghal a nuas

gu aiseirigh Chriosd, dh'òrduich Dia an seachdamh la gu bhi 'n a Shàbaid anns gach seachduin ; agus riamh o sin, a cheud la do'n t-seachduin, a dh'fhuantuin gu deireadh an t-saoghail ; 's i sin Sàbaid nan Criosduidhean.

60 C. *Cia mar is còir an t-Sàbaid a naomhachadh?*

*F.* Is còir an t-Sàbaid a naomhachadh, le fois naomh a ghabhail re fad an là sin uile, eadhon o na gnothuichibh saoghalta, o'n aighear agus o'n t-sùgradh a tha ceaduichte air làithibh eile, agus an ùine sin uile a bhualeachadh ann an oibrabh cràbhaibh, gu diomhair agus gu follais-each ; saor o mheud is a ta feumail a chaitheamh ann an oibrabh na h-éigin agus na tròcair.

61 C. *Ciod e' tha'n ceathramh àithne a' toirmeasg ?*

*F.* Tha'n ceathramh àithne a' toirmeasg dearmad a dheanamh air na dleasdanasaibh 'dh' àithneadh dhuinn, no an coimhlionadh gu mi-chùramach ; an t-Sàbaid a mhi-naomhachadh le diomhanas, no le ni sam bith a dheanamh a tha cronail ann féin ; no le smuaintibh,

briathraibh, no gnìomharaibh neofheumail mu thimchioll ar gnothuichean saoghalta, no le aighear agus sùgradh.

62 C. *Ciod iad na reusanan a tha ceangailte ris a cheathramh àithne?*

F. 'S iad na reusanan' tha ceangailte ris a cheathramh àithne, gu bheil Dia a' ceadachadh dhuinn sè làithean do'n t-seachduin air son ar gnothuichean féin ; gu bheil e ag agradh còir àraidh dha féin air an t-seachdamh là ; gu'n d' thug e féin eiseimpleir seachad ; agus gun do bheannaich e la na Sàbaid.

63 C. *Ciod 'e an cuìgeamh àithne?*

F. 'S e an cuìgeamh àithne, "Tabhair urram do d'athair agus do d' mhàthair, a chum gu'm bi do làithean buan air an fhearrann a tha 'n Tighearn do Dhia a' toirt dhuit."

64 C. *Ciod e' tha'n cuìgeamh àithne ag iarruidh?*

F. Tha'n cuìgeamh àithne ag iarruidh, an t-urram a choimhead agus an dleasdanas a choimhlionadh, a bhuineas do gach neach, an lorg gach inbhe agus dàimh fa leth 's am bheil iad ; ma's ann

an inbhe àrd, no iosal, no 'an coimeas inbhe.

65 C. *Ciod e' tha'n cùigeamh àithne a' toirmeasg?*

F. Tha'n cùigeamh àithne a' toirmeasg, ni sam bith a dheanamh an aghaidh an urraim, agus an dleasdanais a bhuineas do gach neach, an lorg na h-inbhe agus an dàimh fa leth 's am bheil iad d'a chéile.

66 C. *Ciod e an reusan a tha ceangailte ris a chùigeamh àithne?*

F. 'S e an reusan a tha ceangailte ris a chùigeamh àithne, gealladh air saoghal fada, agus sonas do uile luchd coimhid na h-àithne so, a réir mar bhitheas sin chum glòir Dhé agus am maith féin.

67 C. *Ciod 'e an sèathamh àithne?*

F. 'S e an sèathamh àithne, "Na dean mortadh."

68 C. *Ciod e' tha an sèathamh àithne ag iarruidh?*

F. Tha an sèathamh àithne ag iarruidh gach uile dhìchioll laghail a dheanainh, chum ar beatha féin, agus beatha dhaoine eile a choimhead.

69 C. *Ciod e' tha an sèathamh àithne a' toirmeasg?*



*F.* Tha an sèathamh àithne a' toir-measg, ar beatha féin no beatha ar coimhearsnaich a thoirt air falbh gu h-eucorach, no ni sam bith a chuidicheas gu sin a dheanamh.

70 C. *Ciod 'e an seachdamh àithne?*

*F.* 'S e an seachdamh àithne; "Na dean adhaltrannas."

71 C. *Ciod e' tha an seachdamh àithne ag iarruidh?*

*F.* Tha an seachdamh àithne ag iarruidh, ar gloinne féin agus gloinne ar coimhearsnaich a choimhead ann an cridhe, ann an cainnt, agus ann am beusaibh.

72 C. *Ciode' tha an seachdamh àithne a' toirmeasg?*

*F.* Tha an seachdamh àithne a' toir-measg, gach uile smuain, bhriathar agus ghnìomh neo-ghlan.

73 C. *Ciod 'e an t-ochdamh àithne?*

*F.* 'S e an t-ochdamh àithne, "Na dean goide."

74 C. *Ciod e' tha an t-ochdamh àithne ag iarruidh?*

*F.* Tha an t-ochdamh àithne ag iarruidh, ar saoibhreas saoghalta féin agus

saoibhreas saoghalta dhaoin' eile a chur air aghaidh gu laghail.

75 C. *Ciod e' tha an t-ochdamh àithne a' toirmeasg?*

F. Tha an t-ochdamh àithne a' toirmeasg, gach ni a bhacas ar saoibhreas saoghalta féin, no saoibhreas saoghalta ar coimhearsnaich, gu h-eucorach.

76 C. *Ciod 'e an naothamh àithne?*

F. 'S e an naothamh àithne, "Na tabhair fianuis bhréige an aghaidh do choimhearsnaich."

77 C. *Ciod e' tha an naothamh àithne ag iarruidh?*

F. Tha an naothamh àithne ag iarruidh, an fhirinn a choimhead eadar duine agus duine, agus ar deadh ainm féin agus deadh ainm ar coimhearsnaich a sheasamh agus a chur air aghaidh; gu h-àraidh ann an tabhairt fianuis.

78 C. *Ciod a tha an naothamh àithne a' toirmeasg?*

F. Tha an naothamh àithne a' toirmeasg, gach ni a tha cronail do'n fhrìnn, no a ni eucoir air ar deadh ainm féin, no air deadh ainm ar coimhearsnaich.

79 C. *Ciod 'e an deicheamh àithne?*

F. 'S e an deicheamh àithne, "Na

sanntaich tigh do choimhearsnaich, na sanntaich bean do choimhearsnaich ; no 'òglach, no 'bhanòglach, no 'dhamh, no 'asal, no aon ni a's le do choimhearsnach."

80 C. *Ciod e' tha an deicheadh àithne ag iarruidh ?*

*F.* Tha an deicheadh àithne ag iarruidh oirnn bhi làn-thoilichte le ar staid féin, maille ri fonn ceart agus inntinn sheirceil a bhi annainn d'ar coimhearsnach, agus do gach ni a bluineas da.

81 C. *Ciod e' tha an deicheadh àithne a' toirmeasg ?*

*F.* Tha an deicheadh àithne a' toirmeasg, gach uile thalach air ar staid féin ; farmad no doilghios air son maith ar coimhearsnaich ; agus gach togradh agus miann ana-cneasda, chum aon ni a tha aige.

82 C. *Am bheil neach sam bith comasach air àitheantan Dhé a choimhead gu foirfe ?*

*F.* Cha-n'eil neach nach 'eil ach 'n a dhuine mhàin, o thuiteam ar ceud sinnsearan, comasach air àitheantan Dhé a choimhead gu foirfe 's a' bheatha so, ach a tha iad 'g am briseadh, gach là, ann an smuain, focal, agus gnìomhl.

83 C. *Am bheil gach uile bhriseadh an lagha coimeas ann an uamharachd?*

F. Tha cuid do pheacaidhaibh annta féin, agus o thaobh ionadh gnè antromachaidh, ni's uamhara na chéile 'am fianuis Dhé.

84 C. *Ciod e' tha gach aon pheacadh a' toilltinn?*

F. Tha gach aon pheacadh a' toilltinn feirge agus mallachd Dhé, araon anns a bheatha so, agus anns a bheatha a tha ri teachd.

85 C. *Ciod e' tha Dia ag iarruidh uainne, chum as gu feud sinn dol as o fheirg agus o mhallaichdsan a thoill sinn a thaobh ar peacaidh?*

F. Chum dol as o fheirg agus o mhallaichd Dhé a thoill sin a thaobh ar peacaidh, tha Dia ag iarruidh uainne creidimh ann an Iosa Criod, aithreachas chum beatha, maille ri gnàthachadh dìchiollach a dheanamh air uile mheadhonaibh an leth muigh leis am bheil Criod a' compairteachadh ruinne sochairean na saorsa.

86 C. *Ciod 'e creidimh ann an Iosa Criod?*

F. Creidimh ann an Iosa Criod, is gràs slàinteil e, leis am bheil sinn a'

gabhairis, agus 'g ar socrachadh féin air-san 'n a aonar air son slàinte, mar a tha e air a thairgse dhuinn anns an t-soisgeul.

87 C. *Ciod 'e aithreachas chum beatha?*

*F.* Aithreachas chum beatha, is gràs slànteil e, leis am bheil am peacach (o mhothachadh ceart d'a pheacadh féin, agus o bheachd do thròcair Dhé ann an Criod), le doilghios agus le fuath d'a pheacadh, a' tionndaidh uaith gu Dia, le làn-rùn agus dìchioll air umhlachd nuadh a thoirt dha.

88 C. *Ciod iad na meadhonan o'n leth muigh leis am bheil Criod a' compaireachadh ruinn shochairean na saorsa?*

*F.* 'S iad na meadhonan o'n leth muigh leis am bheil Criod a' compaireachadh ruinn shochairean na saorsa, 'òrduighean féin; gu h-àraidh am focal, na sàcramaintean, agus urnuigh; a ta uile air an deanamh éifeachdach chum slàinte do na daoinibh taghta.

89 C. *Cia mar a tha am focal air a deanamh éifeachdach chum slàinte?*

*F.* Tha Spiorad Dé a' deanamh leughaidh, ach gu h-àraidh searmonach-

aidh an fhocail, 'n a mheadhon èifeachdach, chum peacaich a thoirt gu mothachadh, agus iompachadh, agus chum an togail suas ann an naomhachd, agus ann an comhfhurtachd, tre chreidimh, chum slàinte.

90 C. *Cia mar is còir am focal a leughadh agus' eisdeuchd, chum's gum bi e èifeachdach chum slàinte?*

F. Chum 's gum bi am focal èifeachdach chum slàinte, feumaidh sinn aire a thoirt da le dùrachd, ulluchadh, agus urnuigh; a ghabhail thugainn le creidimh agus gràdh, a thasgaidh 'n ar cridheachaibh, agus a chur an gnìomh 'n ar caithe-beatha.

91 C. *Cia mar a tha na sàcramaintean air an deanamh 'n am meadhonaibh èifeachdach chum slàinte?*

F. Tha na sàcramaintean air an deanamh 'n am meadhonaibh èifeachdach chum slàinte, cha'n ann o bhrìgh sam bith annta féin, no 's an ti a fhritheileas iad, ach tre bheannachadh Chriosd a mhàin, agus oibreachadh a Spioraid anntasan, a ghabhas iad le creidimh.

92 C. *Ciod 'e sàcramaint?*

F. Is e sàcramaint òrdugh naomh Je

Criosd, anns am bheil Criosd agus sochairean a chumhnaint nuaidh air an taisbeanadh, air an seulachadh, agus air an cur ris na creidmhich le comharaibh so-fhaicsinneach.

93 C. *Ciod iad sàcramaintean an Tiomnaidh Nuaidh?*

F. 'S iad sàcramaintean an Tiomnaidh Nuaidh, am Baisteadh agus Suipeir an Tighearna.

94 C. *Ciod 'e baisteadh?*

F. Is e baisteadh sàcramaint, anns am bheil ionnlad le uisge, ann an ainm an Athar, a Mhic, agus an Spioraid Naoimh, a' ciallachadh agus a' seulachadh, gu bheil sinn air ar suidheachadh ann an Criosd, agus 'n ar luchd-compairt do shochairibh cùmhnant nan gràs, agus a' daingneachadh fòs ar bòid gur leis an Tighearn sinn.

95 C. *Co d' an còir am baisteadh a fhrith-ealadh?*

F. Cha chòir am baisteadh a fhrith-ealadh do dhream sam bith a ta an taobh a muigh do'n eaglais fhaicsinneach, gus an aidich iad an creidimh ann an Criosd, agus an ùmhlachd dha; ach is

còir naoidheanan na muinntir a tha 'n am buill do'n eaglais fhaicsinneach a bhaisteadh.

96 C. *Ciod 'e suipeir an Tighearna?*

*F.* Suipeir an Tighearna is sàcramaint e, anns aìn bheil bàs Chriosd air fhoillseachadh le aran agus fion a thabhairt agus a ghabhail a réir 'òrduigh féin, agus iadsan a ghabhas so gu h-ionchuidh, tha iad (cha'n ann air mhodh chorpora agus fheòlmhor, ach tre chreidimh), air an deanamh 'n an luchd-compairt d'a chorp agus d'a fhuil-san, le' uile shochairibh, chum aìn beathachaidh spioradail, agus am fas ann an gràs.

97 C. *Ciod e a tha feumail a chum suipeir an Tighearn a ghabhail gu h-ionchuidh?*

*F.* Is feumail doibh-san leis am b'àill suipeir an Tighearna a ghabhail gu h-ionchuidh, iad féin a cheasnachadh a thaobh an eòlais chum corp an Tighearna aithneachadh ; a thaobh an creidimh chum beathachadh air-san ; a thaobh an aithreachais, an gràidh, agus an nuadhùmhlachd ; air eagal air teachd dhoibh

gu neo-iomchuidh, gun ith agus gun òl iad breitheanas dhoibh féin.

98 C. *Ciod 'e urnuigh?*

*F.* Is e urnuigh, bhi 'cur suas ar n-athchuinge ri Dia, ag iarruidh nithe a réir a thoile, ann an ainm Chriosd, ag aideachadh ar peacaidhean, agus a' toirt buidheachais dha air son a thròcairean.

99 C. *Ciod e an riaghaitt a thug Dia dhuinn gu ar seòladh ann an urnuigh a dheanamh?*

*F.* Tha focal Dhé uile feumail gu ar seòladh ann an urnuigh a dheanamh ; ach 's i an riaghaitt àraidh gu ar seòladh, an urnuigh sin a theagaisg Criod d'a dheisciobluibh, d'an goìrear gu coitchionn “ Urnuigh an Tighearna.”

100 C. *Ciod e 'tha roimh-ràdh urnuigh an Tighearna a' teagasg dhuinn?*

*F.* Tha roimh-ràdh urnuigh an Tighearna (eadhon, Ar n-Athair a ta air neamh), a' teagasg dhuinn teachd am fagus do Dhis leis gach uile urram agus mhuinghin, mar chloinn chum an Athar, a tha comasach agus deònach air ar cuideachadh ; agus gur còir dhuinn

urnuigh a dheanamh maille ri daoinibh eile, agus air an son.

101 C. *Ciod e 'tha sinn a' guidheadh 's a cheud iarrtus?*

*F.* 'S a cheud iarrtus (eadhon, Gu naomhaichear d'ainm), tha sinn a' guidheadh gu ma toil le Dia sinne agus muinntir eile a dheanamh comasach air e féin a ghlòrachadh, anns gach aon ni leis am bheil e g' a fhoillseachadh féin, agus gun òrduicheadh e na h-uile nithe chum a ghlòire féin.

102 C. *Ciod e 'tha sinn a' guidheadh 's an dara iarrtus?*

*F.* 'S an dara iarrtus (eadhon, Gu tigeadh do rioghachd), tha sinn a' guidheadh gu'm biodh rioghachd Shatain air a sgrios, agus rioghachd nan gràs air a meudachadh ; gum biodh sinn féin agus muinntir eile air ar toirt d'a h-ionnsuidh, agus air ar coimhead innte ; agus gum biodh rioghachd na glòire air a luathachadh.

103 C. *Ciod e 'tha sinn a' guidheadh 's an treas iarrtus?*

*F.* 'S an treas iarrtus (eadhon, Gun deanar do thoil air thalamh, mar a nithear air neamh), tha sinn a' guidheadh gun deanadh Dia sinne comasach agus deònach le a ghràs, chum eòlas a ghabhail air a thoil, agus a bhi umhal agus 'strìochdadadh dhi anns gach aon ni, mar a ta na h-aingil air nèamh.

104 C. *Ciod e 'tha sinn a' guidheadh 's a cheathramh iarrtus?*

*F.* 'S a cheathramh iarrtus (eadhon, Tabhair dhuinn an diugh ar n-aran lathail), tha sinn a' guidheadh gun faigh-eamaid do shaor thoirbheartas Dhé, cuibhrionn chuimseach do nithibh maithe na beatha so, agus gum mealamaid a bheannachd-san leo.

105 C. *Ciod e 'tha sinn a' guidheadh 's a chùigeamh iarrtus?*

*F.* 'S a chùigeamh iarrtus (eadhon, Agus maith dhuinn ar fiachan mar a mhaitheamaid d'ar luchdfiach), tha sinn a' guidheadh gu maiteadh Dia dhuinn gu saor air sgàth Chriosd, ar n-uile pheacaidhean; agus is mò ar misneach gu so 'iarruidh, gu bheil sinn air ar neart-

achadh le a ghràs-sa gu maitheanas a thoirt o ar cridhe do dhaoinibh eile.

106. C. *Ciod e 'tha sinn a' guidheadh 's an t-séathamh iarrtus?*

F. 'S an t-sèathamh iarrtus (eadhon, Agus na leig sinn 'am buaireadh, ach saor sinn o olc), tha sinn a' guidheadh aon chuid, gun gleidheadh Dia sinn o bhi air ar buaireadh chum peacaidh, no gun cumadh e suas agus gun saoradh e sinn, an uair a bhuairear sinn.

107. C. *Ciod e 'tha co-dhùnadhl Urnuigh an Tigh-earna a' teasgasg dhuinn?*

F. Tha co-dhùnadhl Urnuigh an Tigh-earna (eadhon, Oir is leatsa an rioghachd, agus an cumhachd, agus a ghloir, gu siorruidh, Amen), a' teagasg dhuinn, ar misneach ann an urnuigh a ghabhail o Dhia a mhàin ; agus ann ar n-urnuigh esan a mholadh, le rioghachd, cumhachd, agus glòir a thabhairt da. Agus mar theisteas air ar dùrachd, agus ar dòchas éisdeachd fhaghail, tha sinn ag ràdh, Amen.

## NA DEICH AITHEANTAN.

Labhair Dia na briathran so uile, ag ràdh, Is mise an Tighearn do Dhia, a thug a mach thu á tìr na h-Eiphít, á tigh na daorsa.

I. Na bitheadh dée sam bith eile agad a'm làthair-sa.

II. Na dean dhuit féin dealbh snaidhte, no cos-las sam bith a dh'aon ni, a ta 's na nèamhaibh shuas, no air an talamh shìos, no 's na h-uisgeach-aibh fo 'n talamh. Na crom thu féin sìos doibh, agus na dean seirbhis doibh : oir mise an Tighearn do Dhia, is Dia eudmhòr mi, a' leantuinn aingidheachd nan aithrichean air a' chloinn, air an treas, agus air a' cheathramh ginealach dhiubhsan a dh'fhuathaicheas mi ; agus a' nochdadadh tròcair do mhìltibh dhiubhsan a ghràdhaicheas mi, agus a choimhideas m'aitheantan.

III. Na tabhair ainm an Tighearna do Dhé 'an ðiomhanas ; air cha mheas an Tighearn neochiontach esan a bheir 'ainm 'an ðiomhanas.

IV. Cuimhnich là na sàbaid a naomhachadh. Sè làithean saothraichidh tu, agus ni thu t'obair uile. Ach air an t-seachdamh là tha sàbaid an Tighearna do Dhé ; air an là sin na dean obair sam bith, thu féin, no do mhac, no do nighean, d'òglach, no do bhanoglach, no t'ainmhidh, no

do choigreach a tha 'n taobh a stigh do d' gheat-aibh ; oir ann an sè làithibh rinn an Tighearn na nèamhan agus an thalamh, an fhairge, agus gach ni a tha annta ; agus ghabh e fois air an t-seachdadh là : air an aobhar sin bheannaich an Tighearn là na sàbaid, agus naomhaich se e.

V. Tabhair urram do d'Athair, agus do d'mhàth-air ; a chum as gu'm bi do làithean buan air an fhearann a tha'n Tighearn do Dhia a' toirt dhuit.

VI. Na dean mortadh.

VII. Na dean adhaltrannas.

VIII. Na dean goide.

IX. Na tabhair fianuis bhréige an aghaidh do choimhearsnaich.

X. Na sanntaich tigh do choimhairsnaich ; na sanntaich bean do choimhairsnaich, no 'òglach, no 'bhanoglach, no 'dhainh, no 'asal, no aon ni a's le do choimhairsnach.

### URNUIGH AN TIGHEARNA.

AR n-Athair a ta air nèamh, Gu naomhaicheadh t'ainm. Gu tigheadh do rioghachd. Gu deanar do thoil air thalamh, mar a nìthean air nèamh. Tabhair dhuinn an diugh ar n-aran làthail. Agus maith dhuinn ar fiacha, mar a mhaitheamaid d'ar luchd-fiachaibh. Agus na leig sinn am buaireadh, ach saor sinn o olc : Oir is leatsa an rioghachd, agus an cumhachd, agus a' ghlòir, gu sìorruidh. Amen.

## A' CHREID.

CREIDEAM ann an Dia an t-Athair Uile-chumhachdach, Cruithfhear nèimh agus na talmhainn ; agus ann an Iosa Criosd, aon mhac-san, ar Tighearna, neach a ghineadh o'n Spiorad Naomh, a rugadh leis an Oigh Muire, a dh'fhuiling fuidh Phontius Pilat, a cheusadh, a fhuair bàs, agus a dh'adhlaiceadh, a chaidh sìos do staid nam marbh, a dh'éirich a rìs o na marbhaibh air an treas là, a chaidh suas air nèamh, agus a ta 'na shuidhe air deas làimh Dhé an Athar Uile-chumhachdaich, agus as sin a thig a thoirt breith air na beothaibh agus air na marbhaibh. Creideam anns an Spiorad Naomh, anns an Eaglais naoimh choitchionn, ann an co-chomunn nan naomh, ann am maitheanas peacaidh, ann an aiseirigh a' chuirp, agus anns a' bheatha mhaireannaich. Amen.

## A' CHRIOCH.

